



Stiùireadh airson Cholmcille 2019-20

Colmcille 2019-20 Funding Guidelines

Mu dheidhinn na Maoine

'S e com-pàirteachas eadar Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge a th' ann an Colmcille agus tha an dà bhuidheann ag obair còmhla gus prìomhachasan a' chom-pàirteachais a chur an gnìomh ann an Alba agus ann an Èirinn.

Chaidh a' mhaoin seo a stèidheachadh gus taic a thoirt do phròiseactan a tha an dùil na ceanglaichean eadar Gàidhlig is Gaeilge a neartachadh.

Mu dheidhinn Bhòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail air gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chànain air feadh na h-Alba.

'S e aon de na dleastanasan a th' air Bòrd na Gàidhlig, a bhith a' cruthachadh [Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig](#) gach còig bliadhna mar ro-innleachd airson leasachadh a' chànain.

Tha gach sgeama maoinachaidh a tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith stèidhichte air na prìomhachasan a chithear sa Phlana Nàiseanta sin agus sa [Phlana Chorporra aig a' Bhòrd](#), 's mar sin tha e riatanach gu bheil sibh eòlach orra mus cuir sibh iarrtas maoinachaidh a-steach.

Sgeama Cholmcille 2019-20

About the Fund

Colmcille is a partnership between Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge and the two organisations work together to implement the partnership's priorities in Scotland and in Ireland.

This fund has been created to support projects which aim to strengthen links between Gaelic and the Irish language (Gaeilge).

About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and state of the Gaelic language throughout Scotland.

One of the responsibilities of Bòrd na Gàidhlig is to develop a [National Gaelic Language Plan](#) every five years as a strategy for development of the language.

Each funding programme that Bòrd na Gàidhlig manages is based upon the priorities as communicated in this National Plan and the [Bòrd's Corporate Plan](#), and as such it is vital that you are familiar with these documents before you submit a funding application.

Mu dheidhinn Foras na Gaeilge

'S e buidheann phoblach a th' ann am Foras na Gaeilge ris a bheil e an urra cor na Gaeilge a chur air adhart ann an Èirinn air fad.

Tha Foras na Gaeilge a' toirt comhairle do riaghaltasan ann an Ceann a Tuath is Ceann a Deas na h-Èireann air cùisean co-cheangailte ris a' chànan, 's tha iad a' cur taic ri pròiseactan a tha air an libhrigeadh air fad, neo ann am pàirt, tron Ghaeilge.

Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn Foras na Gaeilge agus an obair aca air an làrach-lìn: <https://www.forasnagaeilge.ie/>

About Foras na Gaeilge

Foras na Gaeilge is an all-Ireland public body seeking to promote the Irish language (Gaeilge).

Foras na Gaeilge helps advise administrations in the North and South of Ireland on matters relating to the language, and helps support projects delivered in full or in part through Gaeilge.

You can find further information about Foras na Gaeilge and their work on their website: <https://www.forasnagaeilge.ie/>

Slatan-tomhais 's Prìomhachasan

Tha còig prìomh shlatan-tomhas ann a thathar a' cleachdadh airson measadh a dhèanamh air iarrtasan airson na maoinne seo.

- A' brosnachadh conaltradh agus a' sgaoileadh deagh chleachdaidhean gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig agus na Gaeilge.
- A' toirt taic do luchd-labhairt na Gàidhlig gus Gaeilge ionnsachadh tro phrògram sgoilearachdan.
- Pròiseactan a tha a' togail cheanglaichean eadar sgoiltean agus iad a' dèanamh pròiseact còmhla.
- Pròiseactan a tha ag amas air tuigse nas fhèarr a bhrosnachadh air na ceanglaichean eadar dualchas nan Gàidheal ann an Alba agus ann an Èirinn.
- Pròiseactan a bhios a' cur taic ri Slighe Chaluim Chille.

Feumaidh iarrtasan sealltainn gu soilleir gum bi iad a' coileanadh amasan fo **co-dhiù aon** de na prìomhachasan seo.

PRÌOMHACHAS A

A' brosnachadh conaltradh agus a' sgaoileadh deagh chleachdaidhean gus taic a chumail ri cleachdadh na Gàidhlig agus na Gaeilge.

'S e amas a' phrìomhachais seo a bhith a' stèidheachadh agus / no a' neartachadh cheanglaichean eadar buidhnean a tha a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba agus Gaeilge ann an Èirinn.

Feumaidh co-dhiù dà bhuidheann a bhith air an ainmeachadh san iarrtas, tè à Alba agus tè à Èirinn, agus iad an sàs ann an aon de na roinnean leasachaidh a leanas:

- Planadh cànan agus leasachadh coimhearsnachd
- Cleachdadh na Gàidhlig agus na Gaeilge sa choimhearsnachd

Criteria and Priorities

There are five primary criteria used when evaluating applications to this fund.

- Promoting dialogue and the sharing of best practice in support of Gaelic and Irish usage.
- Supporting Gaelic speakers to learn Irish through a programme of scholarships.
- Projects which link schools to undertake a joint project.
- Projects which aim to support greater understanding of the links between Gaelic heritage in Scotland and in Ireland.
- Projects in support of Slighe Chaluim Chille.

Applications must clearly show that they will achieve the aims of **at least one** of these priorities.

PRIORITY A

Promoting dialogue and the sharing of best practice in support of Gaelic and Irish usage.

The aim of this priority is to support the establishment and / or strengthening of relationships between groups and organisations using Gaelic in Scotland and Irish in Ireland.

All applications under this priority must name at least two organisations, one in Scotland and one in Ireland, who are involved in at least one of the following key development areas:

- Community language planning and development
- Gaelic and Irish usage in the community
- Pre-school education
- Primary school education

- Foghlam ro-sgoile
- Foghlam bun-sgoile
- Foghlam àrd-sgoile
- Tachartasan òigridh taobh a-muigh na sgoile
- Obair òigridh
- Ionnsachadh do dh'inbhich

Tha am prìomhachas seo ag amas air cothroman a thoirt do bhuidhnean a bhith ag ionnsachadh bho chàch a chèile agus / no a bhith a' neartachadh na h-obrach aca le bhith ag obair còmhla.

Ma tha turas na phàirt den phròiseact, cha tèid beachdachadh ach air **cosgaisean siubhail a-mhàin**.

- Secondary school education
- Activities for young people outwith the classroom
- Youth work
- Adult learning

This priority aims to facilitate opportunities for organisations to learn from each other and / or strengthen their work through the involvement of their partner organisation.

If the proposal involves a trip, **only the travel costs** will be considered for support.

PRÌOMHACHAS B

A' toirt taic do luchd-labhairt na Gàidhlig gus Gaeilge ionnsachadh tro phrògram sgoilearachdan.

Feumaidh luchd-iarrtais a bhith fileanta sa Ghàidhlig agus feumaidh iad sealltainn gu soilleir san iarrtas aca dè am feum a thig às an trèanadh seo.

Thèid prìomhachas a thoirt do luchd-iarrtais a tha a' dèanamh an trèanaidh seo mar thaic do phròiseact Cholmcille eile anns a' chuairt mhaoineachaidh seo, mar eisimpleir luchd-teagaisg a tha ag amas air ceangal a thogail le sgoil Ghaeilge fo phrìomhachas C (gu h-ìosal).

Feumaidh sinn a bhith riaraichte gu bheil an cùrsa fhèin aig ìre a tha math gu leòr airson taic-airgid fhaighinn.

Fon phrìomhachas seo, cha tèid airgead a phàigheadh gus an tèid cuidhteasan a thoirt dhuinn mar fhianais air na cosgaisean.

PRIORITY B

Supporting Gaelic speakers to learn Irish through a programme of scholarships.

Applicants must be fluent in Gaelic and be able to clearly identify in their application the benefit of undertaking this training.

Priority will be given to applicants who wish to undertake this training in support of another Colmcille project in this funding round e.g. Gaelic medium teachers wishing to link up with an Irish medium school under priority C (below).

We will have to be satisfied that the proposed course of study is of sufficient quality to merit support.

Under this priority, funding will not be paid until receipts are produced as evidence of the costs.

PRÌOMHACHAS C

Pròiseactan a tha a' togail cheanglaichean eadar sgoiltean agus iad a' dèanamh pròiseact còmhla.

Tha seo ag amas air sgoiltean a tha ag iarraidh obrachadh còmhla air pròiseact. Tha seo fosgailte do sgoiltean Gàidhlig / Gaeilge agus do sgoiltean a tha a' tabhann phrògraman airson luchd-ionnsachaidh.

Bu chòir fiosrachadh a bhith san iarrtas air ciamar a thèid cleachdadh na Gàidhlig / Gaeilge eadar sgoilearan a bhrosnachadh chun na h-ìre as motha as urrainnear agus bu chòir seo a bhith a rèir comasan nan sgoilearan.

Feumaidh fiosrachadh a bhith ann bho thùs air an dà sgoil; ann an Alba agus ann an Èirinn.

Faodaidh sgoiltean cur a-steach airson turasan-iomlaid, ach feumaidh plana cànan a bhith ann cuide ris an iarrtas. Bidh seo a' gabhail a-steach fiosrachadh air cleachdadh na Gàidhlig agus na Gaeilge anns, agus eadar, na sgoiltean - ro-làimh, nuair a tha an iomlaid a' dol agus às dèidh làimhe.

Ma tha turas-iomlaid na phàirt den iarrtas, cha tèid beachdachadh air ach **cosgaisean siubhail a-mhàin**.

Ma tha buidheann a' beachdachadh air pròiseact iomlaid san àm ri teachd, faodaidh iad iarrtas a chur a-steach airson turas-rannsachaidh ro-làimh, le taic luach suas ri £1,000 ri fhaotainn.

PRIORITY C

Projects which link schools to undertake a joint project.

This is aimed at schools wishing to work together on a joint project. This is open to Gaelic and Irish medium schools, but also to schools offering instruction programmes for learners.

All applications should outline plans for maximising the use of Gaelic and Irish in all dialogue between pupils and this should reflect the language competencies of the pupils.

Applications must give details from the outset of both schools involved; in Scotland and in Ireland.

This priority may include proposals for an exchange trip between schools, but this will require the submission of a full language plan. This will include details of the use of Gaelic and Irish by and between the schools - before, during and after the exchange.

If the proposal involves a trip, **only the travel costs** will be considered for support.

Funding of up to £1,000 may be available towards the full costs of an initial preparatory visit under this priority, with a view to a full-scale exchange at a later date.

PRÌOMHACHAS D

Pròiseactan a tha ag amas air tuigse nas fhèarr a bhrosnachadh air na ceanglaichean eadar dualchas nan Gàidheal ann an Alba agus ann an Èirinn.

'S e amas a' phrìomhachais seo gum bi barrachd tuigse air dualchas coitcheann nan Gàidheal san dà dhùthaich, tro bhith togail cheanglaichean eadar buidhnean agus coimhearsnachdan ann an Alba agus ann an Èirinn.

Thathas an dùil gun tèid lùghdachadh a dhèanamh air na cnapan-starra traidiseanta a tha air am faicinn mar bhacadh do dhaoine bho bhith togail is a' cleachdadh na Gàidhlig no na Gaeilge.

Bu chòir fiosrachadh soilleir a bhith anns an iarrtas air na cnapan-starra agus an dòigh sam bi an ceangal le buidhnean eile a' lùghdachadh nan cnapan-starra sin.

PRÌOMHACHAS E

Pròiseactan a bhios a' cur taic ri Slighe Chaluim Chille.

Beachdachaidh Colmcille air iarrtasan a bhios a' cur taic ri Slighe Chaluim Chille. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig www.colmcille.org/slicholmcille

Ma tha sibh an dùil iarrtas a chur a-steach mu choinneamh a' phrìomhachais seo, tha e deatamach gum bruidhinn sibh ris an sgioba aig Colmcille ro-làimh.

PRIORITY D

Projects which aim to support greater understanding of the links between Gaelic heritage in Scotland and in Ireland.

The aim of this priority is to increase understanding of our shared Gaelic heritage, by linking groups and communities in both Scotland and Ireland.

The outcome envisaged is that traditionally perceived barriers to participation will be reduced or removed, enabling more people to engage with Gaelic or Irish, particularly in acquisition and usage of the languages.

Applications must clearly set out what the perceived barriers are and how establishing a link with a partner will help reduce them.

PRIORITY E

Projects in support of Slighe Chaluim Chille.

Colmcille will consider applications in support of the Slighe Chaluim Chille project. More details can be found at www.colmcille.org/slicholmcille

If you are submitting an application under this priority it is essential that you first contact the Colmcille team in advance.

Riaghailtean airson Phròiseactan

Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' toirt taic do phròiseactan a thèid a libhrigeadh agus a thèid a chrìochnachadh eadar 1 Giblean 2019 agus 30 Ògmhios 2020.

Ìrean taic-airgid

'S e £60,000 am buidseat gu lèir airson na sgeama seo.

Faodar iarrrtas fo phrìomhachasan A, C, D agus E a chur a-steach airson suas ri **£10,000** agus chan fhaighear nas àirde na 80% de chosgais iomlan a' phròiseict bhuaninn.

Fo phrìomhachas B, tha taic-airgid suas ri **£350** ri fhaotainn mu choinneamh cìsean chùrsaichean dhaoine a tha ag iarraidh Gaeilge ionnsachadh, le taic-airgid suas ri **£200** a bharrachd ri fhaotainn airson oileanaich làn-thìde no luchd-iarrrtais gun chosnadh, airson cosgaisean siubhail is àite-fuirich a-rèir co-dhùnidhean a' phannail.

Cha bu chòir barrachd na **£1,000** iarraidh airson turas-rannsachaidh airson turas-iomlaid fo prìomhachas C.

Bu chòir do thagraichean dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith eile de bhuidseat a' phròiseict a' tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile aig Bòrd na Gàidhlig neo Foras na Gaeilge.

Aithne don Taic

Airson an sgeama seo, feumaidh sibh a dhèanamh follaiseach (nuair a tha e iomchaidh) gur ann bho Bhòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge a fhuair am pròiseact agaibh maoineachadh.

Anns an iarrrtas agaibh, bu chòir dhuibh mìneachadh ciamar a nì sibh sin, me, a' toirt iomradh air nuair a nì sibh margaidheachd air a' phròiseact, a' cleachdadh suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig 's Foras na Gaeilge air stuthan foillsichte.

Project Requirements

Project Timeframe

The fund will support projects which will take place and be fully completed between 1 April 2019 and 30 June 2020.

Funding levels

The total budget allocated to this fund is £60,000.

Applications under priorities A, C, D and E can be made for up to a maximum of **£10,000** and no more than 80% of the total project costs.

Applications under priority B can be made for up to a maximum of **£350**, with a further **£200** discretionally available to full-time students and unwaged applicants to support travel and accommodation costs.

Applications for preparatory trips for exchange visits under priority C should not exceed **£1,000**.

Applicants must ensure that no other part of the project's budget comes from other Bòrd na Gàidhlig or Foras na Gaeilge funding schemes.

Acknowledgment

For this funding programme, you must acknowledge (where appropriate) that Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge were the source of funding for your project.

In your application, you must detail how you will achieve this, e.g. acknowledgement in project publicity, use of Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge's logo on printed materials.

Sgrùdadh is measadh air a' phròiseact

Fad ùine a' phròiseict tha sinn an dùil gum bi sibh a' measadh adhartas a' phròiseict gu cunbhalach, 's a' cruinneachadh fiosrachadh a thaobh nan slatan-tomhais a chithear anns a' chùmhnannt agaibh, bho Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23.

Bidh agaibh ri dà aithisg a chur a-staigh gus an urrainn dhuinn sgrùdadh a dhèanamh air a' phròiseact agaibh. Bidh aithisg adhartais ghoirid a dhith letheach slighe tron phròiseact, neo sia mìosan a-staigh dhan phròiseact (ge brith cò as giorra).

Aig deireadh a' phròiseict, feumaidh sibh aithisg dheireannach a sgrìobhadh a' dearbhadh dè chaidh a choileanadh leis a' phròiseact agus le fios air mar a chaidh an taic-airgid a chosg.

Anns an aithisg dheireannaich seo, tha sinn an dùil gun toir sibh iomradh air an fhiosrachadh a chaidh a thional a thaobh nan slatan-tomhais sa [Phlana Chorporra 2018-23 aig Bòrd na Gàidhlig](#).

A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig

- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."

A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig

- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha mi air na sgìlean Gàidhlig agam a thoirt air adhart."

A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba."

Gheibhear teamplaidean airson nan aithisgean seo [air làrach-lìn a' Bhùird](#) neo le bhith a' cur post-d gu colmcille@gaidhlig.scot

Project monitoring and evaluation

Throughout the project, we expect that you will assess your progress regularly and collect information regarding the measures outlined in your contract from the 2018-23 Bòrd na Gàidhlig Corporate Plan.

You will be required to submit two reports relating to the project to allow for monitoring. A short progress report will be due halfway through the project or six months after the start date (whichever is earlier).

At the end of the project, you will be required to submit a final report to confirm what was achieved by the project and to give an outline of how the grant money was spent.

In your final report, we expect that you will give a summary of information collected through the project relating to the measures outlined in the [2018-23 Bòrd na Gàidhlig Corporate Plan](#).

Increasing the use of Gaelic

- More people agree with the statement "Gaelic makes a difference to my life."

Increasing the learning of Gaelic

- More people agreeing with the statement "I have enhanced my Gaelic skills."

Promoting a positive image of Gaelic

- More people agreeing with the statement "Gaelic is important to Scotland."

Templates for these reports [can be found on Bòrd na Gàidhlig's website](#) or upon emailing colmcille@gaidhlig.scot

Pàrantan Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air a chomharrachadh fon lagh mar Phàrant Corporra ann an Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Tha sin a' ciallachadh gu bheil dleastanasan reachdail oirnn a dh'fheumas sinn a choileanadh a thaobh a bhith feuchainn ri piseach a thoirt air math nan daoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram agus a bhith cur às do chnapan-starra a tha gu tric ro na daoine sin nuair a thig e gu cothroman. Tha Bòrd na Gàidhlig airson gum bi math dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram air a chur air adhart air feadh nam pròiseactan a tha a' faotainn taic-airgid bhainn tro na sgeamaichean maoinachaidh againn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Pàrantan Corporra aig <http://www.corporateparenting.org.uk/> agus gheibhear lethbhreac den Ro-innleachd is Plana Gnìomh airson Pàrant Corporra aig Bòrd na Gàidhlig [an seo](#).

Anns an iarrtas agaibh, feumaidh sibh fiosrachaidh a bharrachd a thoirt seachad ma tha am pròiseact agaibh a' cur air dòigh tachartasan, cur-seachadan no a' toirt cothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig is legally designated as a Corporate Parent in the Children and Young People (Scotland) Act 2014. This means that we have statutory duties to fulfil with regard to enhancing the wellbeing of care experienced young people and removing barriers to opportunities which this population often faces. Bòrd na Gàidhlig encourage projects funded by us to provide activities designed to promote the interests and wellbeing of care experienced young people. More information on Corporate Parenting can be found at <http://www.corporateparenting.org.uk/> and a copy of Bòrd na Gàidhlig's Corporate Parenting Strategy & Action Plan [can be downloaded here](#).

In your application, you will need to provide further information if your project provides activities or opportunities for care experienced young people

Iarrtasan

Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Tha Sgeama Cholmcille air a dhealbh gus am bi e a' freagairt air raon farsaing de bhuidhnean coimhearsnachd agus tha e cudromach gum bi iarrtas sam bith a' dearbhadh gu bheil am pròiseact fosgailte don phoball, agus a' toirt buannachd don phoball.

Cha ghabh Sgeama Cholmcille ri iarrtasan bho dhaoine fa leth, ach fo phrìomhachas B.

Ceann-là airson iarrtasan

Feumaidh iarrtasan a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 5f air Dihaoine 25mh den Fhaoilleach 2019.**

Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach às dèidh a' chinn-là sin.

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir do thagraichean bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn ma tha ceistean aca mu dheidhinn a' phròiseict aca air 01463 225454 no air post-d gu colmcille@gaidhlig.scot

An uair sin, bu chòir dhaibh am Foirm-iarrtais a lìonadh agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, cuide ri **sgrìobhainnean a bharrachd a tha dhìth.**

Bidh aig buidhnean ri sgrìobhainnean cudromach co-cheangailte ri riaghladh na buidhne a thoirt seachad mar phàirt den iarrtas.

Gheibhear liosta iomlan de na sgrìobhainnean a bharrachd a tha dhìth san fhoirm-iarrtais.

Faodar am foirm-iarrtais a chur a-steach gu:

Post-d: colmcille@gaidhlig.scot

Post: Bòrd na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW

Applications

Who can apply?

The Colmcille Scheme aims to be available to as wide a range of community organisations as possible and it is essential that applicants demonstrate that the project is in the public interest and open to the public as much as possible.

The Colmcille Scheme will not accept applications from individuals, except under priority B.

Closing date for applications

Applications must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **5pm on Friday 25th January 2019.**

Applications that are submitted after this date will not be considered.

Submitting an application

Applicants should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if they have any questions about their project on 01463 225454 or via email colmcille@gaidhlig.scot

Thereafter, applicants should complete the Application Form and submit it to Bòrd na Gàidhlig, along with other **necessary supporting documents.**

Organisations will have to supply important documents connected with governance as part of the application.

A full list of the necessary supporting materials is outlined in the application form.

The form can be submitted by:

E-mail: colmcille@gaidhlig.scot

Post: Bòrd na Gàidhlig
Great Glen House
Leachkin Road
Inverness
IV3 8NW

Feumaidh cunntas-banca a bhith aig gach tagraiche nuair a tha iad a' cur an iarrtais aca a-steach.

Cuimhnichibh, dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no soilleireachadh air a' phròiseact bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas chur a-steach.

Am Pròiseas measaidh airson iarrtasan

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bhòrd na Gàidhlig a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas aca.

Thèid measadh a dhèanamh air gach pròiseact freagarrach sa Ghearran 2019 le pannal le riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig 's Foras na Gaeilge agus iad a' beachdachadh air na prìomhachasan a leanas:

- Mar a tha am pròiseact a' coileanadh prìomhachasan 's slatan-tomhais na maoinne
- Cho freagarrach 's a tha am pròiseact a thaobh amasan Cholmcille
- Mar as urrainn don phròiseact cur ri cleachdadh na Gàidhlig agus/no Gaeilge
- An seòrsa buidhne 's na h-amasan aca
- Luach an airgid a gheibhear bhon taic a thathar a' sireadh
- Comas na buidhne gus am pròiseact 's na h-amasan aige a choileanadh gu soirbheachail

Thèid innse do thagraichean mu cho-dhùnidhean a' phannail sa Ghearran 2019.

Iarrtasan soirbheachail

Ma thèid gabhail ri iarrtas, thèid litir-tairgse a chur chun an tagraiche. Innsidh sin dè am maoineachadh a thathar a' faighinn (an t-sùim agus an àireamh às a' cheud) agus dè na cumhachan maoineachaidh a th' ann.

It is essential that all applicants have an active bank account at the time of applying.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details after the application has been submitted.

Application review process

All applicants will receive an acknowledgement to confirm that Bòrd na Gàidhlig received their application.

All eligible projects will be assessed in February 2019 by a panel made up of Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge representatives who will look at the following:

- The project's adherence to the fund's priorities and criteria
- The eligibility of the project with relation to Colmcille's aims
- The project's capacity to further the use of Gaelic and/or Gaeilge
- The type of organisation and their aims
- The value for money expected from the amount of funding sought
- The organisation's capacity to deliver the project and its target outcomes successfully

Applicants will be informed of the panel's decisions in February 2019.

Successful applications

If a funding application is successful, a letter of offer will be sent to the applicant. This will explain the level of funding agreed (amount and percentage) and the conditions that apply.

Thathar an dùil gun tèid 80% den mhaoin eachadh a phàigheadh nuair a thilleas an tagraiche an cùmhnant agus nuair a gheibhear dearbhadh air cuin a tha am pròiseact a' tòiseachadh agus am fiosrachadh banca aig an tagraiche. Ma tha sibh air maoineachadh fhaighinn a-cheana, feumaidh sibh aithisgean deireannach a chur thugainn airson nam pròiseactan don d' fhuair sibh taic 's aonta fhaighinn airson nan aithisgean sin mus tèid ur pàigheadh airson an sgeama seo.

Thèid am 20% mu dheireadh a phàigheadh nuair a thèid crìoch a chur air a' phròiseact agus nuair a gheibhear aithisg dheireannach leis a bheil sinn riarachta, agus fianais air na chaidh a choileanadh. Dh'fhaodadh gun tèid an t-sùm seo a lùghdachadh a rèir dè an teachd-a-steach is dè na cosgaisean a bh' ann aig deireadh a' phròiseict.

Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun a' mhaoin seo, cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig aig colmcille@gaidhlig.scot no cuiribh fòn gu 01463 225454.

Gheibhear fiosrachadh mu phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh [air-loidhne](#).

Gheibhear barrachd fiosrachaidh cuideachd air làrach-lìn [Bhòrd na Gàidhlig](#).

It is expected that 80% of the award will be paid on the return of the contract along with confirmation of the project start date and the applicant's bank details. Please note that if funding has been received in previous years that final reports for those projects must be submitted and approved before we can make any payment for this scheme.

Payment of the final 20% will be at the end of the project and will be conditional on receiving a satisfactory final report, along with evidence of what has been achieved. This payment may be reduced depending on need in terms of final income and expenditure.

More information

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig at colmcille@gaidhlig.scot or call 01463 225454.

Privacy information relating to our funding schemes [can be found online](#).

More information can also be found on the [Bòrd na Gàidhlig](#) website.